

# Bìoball airson na Cloinne

A'cur fan comhair



## Dia a' dearbhadh gaol Abrahàim



Sgrìobhte le: Edward Hughes

Dealbhan le: Byron Unger; Lazarus  
Alastair Paterson

Eadar-theangaichte le: M. Maillot; Tammy S.

Air eadar-theangachadh le:  
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill

Dèanta le: Bible for Children  
[www.M1914.org](http://www.M1914.org)

©2025 Bible for Children, Inc.

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh,  
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.


1



Aon oidhche, dh'iarr  
Dia rudeigin neònach air  
Abrahàm. Bha e airson  
faicinn an robh barrachd  
gaoil aig Abrahàm air a  
mhad, Isaac, na  
bh' aige air Dia.


2

"Gabh do mhac, Isaac, agus dèan tabhartas-loisgte dheth," thuir Dia. Dol a losgadh Isaac? Dol a dhèanamh ìobairt dhe a mhac? Bha sin duilich do Abrahàm. Bha gaol mòr, mòr aige air a mhac.




3

Ach, bha Abrahàm air ionnsachadh gum bu chòir earbsa a bhith aige ann an Dia fiù nuair nach robh e a' tuigsinn. Sa mhadainn thog e air don bheinn ìobairt le a mhac agus dà shearbhanta.




4

Mus do dh'fhàg e, bhris Abrahàm pìosan fiodha gus teine a dhèanamh airson an tabhartais-loisgte. Bha Abrahàm dol a dhèanamh mar a dh'iarr Dia air.



5


Trì làithean às dèidh sin bha iad a' tighinn faisg air a' bheinn. "Fuirich an seo," thuir Abrahàm ris na searbhantan. "Thèid sinne a dhèanamh adhradh, agus tillidh sinn thugaibh."



B' ann aig Isaac a bha am fiodh; bha teine aig Abrahàm - agus sgian.

6

"Càite bheil an t-uan airson an tabhartais-loisgte?" dh'fhaighnich Isaac. "Bheir Dia fhèin dhuinn uan," ars Abrahàm.




7

Thàinig an dithis don àite a bha Dia air taghadh. Thog Abrahàm altair an sin agus chuir e am fiodh air gus an ìobairt do Dhia a losgadh. Bha Abrahàm air iomadh altair a thogail ach is cinnteach gur e seo an tè bu duilghe dha.




8

Cheangail Abrahàm Isaac agus chuir e a mhac gaolach air an altair. An robh Abrahàm dha rìreabh dol a leantainn na dh'iarr Dia air agus ìobairt a dhèanamh de dh'Isaac ghaolach, an aon mhac a bh' aige?




9

Bha! Thog Abrahàm an sgian an-àirde, a' mheatailt a' gleansadh os a chionn. Feumaidh gu robh a chridhe a' briseadh, ach bha fhios aige gum feumadh e facal Dhè a leantainn.




10

"SGUIR!" dh'èigh Aingeal an TIGHEARNA. "Nis tha fios agam gu bheil eagal ort ro Dhia. Cha do chùm thu do mhac, an aon mhac a th' agad, Bhuamsa."



11

A' faicinn rùd faisg air, thog Abrahàm a mhac, agus rinn e ìobairt den rùd na àite.




12

Is dòcha gu robh Isaac a' smaoineachadh, "Thuir m' athair gun toireadh Dia dhuinn na bha sinn ag iarraidh, agus 's e sin a rinn E."




13

Nuair a rinn Abrahàm is a mhac adhradh, bhruidhinn Aingeal an TIGHEARNA ri Abrahàm. "Nad chlann, bidh a h-uile nàisean beannaichte, o chionn gun do rinn thu na dh'iarr Dia ort." Aon latha, bhiodh Ìosa air a bhreith tro shliochd Abrahàim.




14

Thill Abrahàm is Isaac dhachaigh. Greis às dèidh sin, thàinig bròn. Bhàsaich Sàrah. Bha Abrahàm air a bhean a chall agus bha Isaac air a mhàthair a chall.




15

Às dèidh an tìodhlacaidh, chuir Abrahàm a dh'iarraidh a phrìomh shearbhanta gus bean a lorg do Isaac.




16

Chaidh an searbhanta don t-seann dùthaich aca a lorg bean am measg càirdean Abrahàim.



17

Dh'iar an searbhant comharradh o Dhia. "Is e an nighean a bheir uisge do na càmhail agam an tè a bhios ceart do Isaac." Anns a' bhad thabhainn Rebecah uisge orra. B' ise aon de chàirdean Abrahàim. Bha fios aig an t-searbhanta gu robh Dia air ùrnaigh a fhreagairt.



18

Dh'fhàg Rebecah an teaghlach aice airson Isaac a phòsadh. Thug i cofhurtachd dha às dèidh dha a mhàthair a chall. Bha gaol mòr aig Isaac oirre!



19


Dia a' dearbhadh gaol Abrahàim

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,  
Am Bìoball, ri

Genesis 22 - 24

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:  
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."  
Salm 119:130

20



5



60

21

Tha sgeul a' Bhiobail ag innse dhuinn mu ar Dia mhìorbhaileach a chruthaich sinn agus a tha ag iarraidh gum bi thu eòlach Air.

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh, ach tha gaol cho mòr aig Dia ort gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige, Ìosa, a bhàsachadh air Crois, agus a dh'fhulang airson nam peacaidhean agadsa. An uair sin thàinig Ìosa beò a-rithist agus chaidh E dhachaigh a Nèamh! Ma bhios tu a' creidsinn ann an Ìosa agus ag iarraidh Air do pheacaidhean a mhathadh, nì E sin! Thig E a thàmh annad an-dràsta, agus bidh tu beò còmhla Ris gu bràth.

Ma tha thu a' creidsinn gur e seo an fhìrinn, can seo ri Dia: Ìosa chaoimh, tha mi a' creidsinn gur Tusa Dia agus gun tàinig thu don talamh a bhàsachadh air mo sgàth, agus gu bheil Thu beò a-rithist. Thig nam bheatha agus maith dhomh mo pheacaidhean agus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus aon latha gun tèid mi a dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith gad leantainn agus a bhith beò air Do sgàth mar Do leanabh. Amen.

Leugh am Bioball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha! Eòin 3:16

22